

# Notaichean-taice an Aonaid: Sùil air Alba– Sònrachadh airson Duais nan Sgrùdaidhean Albannach (SCQF ìre 3)

H3YP 45

## Tàbhachdach bhon Lùnastal 2013

Faodar an sònrachadh seo amhlachadh gu h-iomlan no gu ìre air adhbharan foghlaim fhad is nach tig prothaid sam bith às an amhlachadh agus, ma thèid amhlachadh gu ìre, gun tèid an tùs aithneachadh. Faodar copaidhean a bharrachd den Aonad seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn ÙTA [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Faicibh an not mu atharrachaidhean aig deireadh an t-Sònrachaidh seo airson fios mu atharrachaidhean bhon tionndadh roimhe (nuair as iomchaidh).

## **Clàr-innse**

<b>Ro-ràdh</b>	<b>1</b>
<b>Stiùireadh farsaing mun Aonad</b>	<b>2</b>
<b>Dòighean-ionnsachaidh agus dòighean-teagaisg</b>	<b>4</b>
<b>Dòighean-measaidh agus a' tional fianaise</b>	<b>8</b>
<b>Co-ionannachd agus in-ghabhail</b>	<b>10</b>
<b>Fiosrachadh rianachdail</b>	<b>11</b>

# Ro-ràdh

Chan eil na *Notaichean-taice Aonaid* seo èigneachail. Bheir iad comhairle agus stiùireadh mu dhòighean gus *Aonad nan Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air Alba (SCQF ìre 5)* a libhrigeadh agus a mheasadh. Tha iad airson luchd-teagaisg agus bu chòir an leughadh còmhla ri:

- ◆ *Sònrachadh an Aonaid*
- ◆ *Sònrachadh na Duaise*
- ◆ *Notaichean-taice na Duaise*
- ◆ Stuth-taice measaidh

# Stiùireadh farsaing mun Aonad

Ged a tha an ùine chruinn a riaraidhear don Aonad seo an urra ris an ionad, is e an ùine-dealbhadh bharalach dà fhichead uair a thìde.

Is e amas an Aonaid seo leigeil le luchd-ionnsachaidh an cuid eòlais air Alba agus daoine, cànan, comann-sòisealta, cultar, àrainneachd nàdarra is thogte agus/no dualchas a leudachadh. Nì iad seo le bhith a' dealbhadh agus a' crìochnachadh gnìomhachd le cuspair Albannach agus a' cnuasachd air na dh'ionnsaich iad.

Ma thathar a' libhrigeadh an Aonaid seo mar chuid de *Dhuais nan Sgrùdaidhean Albannach* aig SCQF ìre 5, bidh luchd-ionnsachaidh a' dèanamh rannsachaidh – no air rannsachadh a dhèanamh – ann an suidheachadh Albannach thairis air trì raointean-chuspairean air leth. Faodaidh iad an t-Aonad seo a chleachdadh mar sin gus an t-eòlas a tha aca air Alba a leasachadh barrachd, le taic, ann an caochladh dhòighean. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh iad cuspair Albannach a thaghadh air an d'rinn iad sgrùdadh mar-thà a rèir suidheachadh na h-Alba. Air neo, dh'fhaodte sealltainn air raon no raointean ùra de chuspairean.

Co dhiubh a tha an t-Aonad ga libhrigeadh mar chuid den Duais no mar Aonad air leth, feumar an cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh an cuid eòlais ann an raon anns a bheil ùidh aca a leudachadh. Feumaidh ionadan dèanamh cinnteach mar sin gun leig a' ghnìomhachd le luchd-ionnsachaidh an t-eòlas a tha aca air Alba a leudachadh seach dìreach a dhaingneachadh.

## Sgilean, eòlas agus tuigse

Leasachaidh luchd-ionnsachaidh a bheir an t-Aonad seo gu buil sgilean a tha cudromach do dh'ionnsachadh neo-eisimeileach soirbheachail. Ionnsachaidh iad mar a leanas:

- ◆ roghainnean iomchaidh a dhèanamh
- ◆ fiosrachadh buntainneach a thaghadh à tùsan air an taghadh
- ◆ fiosrachadh agus goireasan a chleachdadh gus amas air a thaghadh a thoirt gu buil
- ◆ beachdachadh air an cuid ionnsachaidh
- ◆ na tha iad air ionnsachadh a chomharrachadh gu mionaideach agus a chur an cèill mar as iomchaidh.

Tha an t-Aonad seo aig SCQF ìre 5. Tha e iomchaidh uime sin gun toir luchd-teagaisg agus òraidichean comhairle do luchd-ionnsachaidh a dh'fhaodadh cuideachadh riutha gus na sgilean seo a leasachadh agus an uair sin an nochdadh. Bu chòir gum biodh comhairle ag amas air cur ri misneachd gus am brosnachadh gu bhith ag obair a dh'ionnsaigh ìre nas motha de neo-eisimeileachd.

Ged a tha na sgilean a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh nochdadh air an sònrachadh, chan eil eòlas no tuigse èigneachail airson an Aonaid. Faodaidh

ionadan agus luchd-ionnsachaidh cuspair Albannach sam bith a thaghadh a rèir nan goireasan a tha rim faotainn agus an t-suidheachaidh sa bheilear a' libhrigeadh an Aonaid. Dh'fhaodte sealltainn mar chuspair air, **mar eisimpleir**:

- ◆ Gàidhlig no Albais
- ◆ taisgealadh, innleachdan no tionnsgalachd à Alba
- ◆ coimhearsnachd(an) sònraichte ann an Alba
- ◆ tachartas no leasachadh Albannach
- ◆ nì ceangailte ri cultar na h-Alba, mar eisimpleir, biadh, dualchas, spòrs, beul-aithris
- ◆ ceist air a bheil cuideam eachdraidheil no an-dràsta fhèin
- ◆ gnìomhachas no malairt
- ◆ nì ceangailte ri saoghal na dùthcha no nam bailtean ann an Alba
- ◆ Albannach a thug buaidh aig an taigh no thall thairis
- ◆ buaidhean bhon taobh a-muigh air Alba agus a cuid cultair
- ◆ litreachas, ealain-cluiche no ealain lèirsinneach no ceàirdean Albannach literature, performing or visual arts, or crafts
- ◆ buaidhean Albannach anns an raointean ceangailte ri feallsanachd, socj-eòlas no eòlas-inntinn
- ◆ nì ceangailte ri creideamh ann an Alba
- ◆ àiteachan inntinneach agus/no cudromach ann an Alba, no do dh'Albannaich
- ◆ nì ceangailte ris an àrainneachd nàdarra no thogte
- ◆ sgapadh nan Albannach
- ◆ imrich-a-steach
- ◆ riochdachadh na h-Alba agus/no nan Albannach ann an, mar eisimpleir, film, litreachas, na meadhanan, ealain is dealbhadh
- ◆ firinn is ficsean mu Alba.

Chan eil an liosta seo gu tur coileanta. Tha e na shoilleireachadh de raon farsaing de chuspairean air am faodte sgrùdadh a dhèanamh airson an Aonaid seo.

# Dòighean-ionnsachaidh agus dòighean-teagaisg

## A' dealbhadh gnìomhachdan

Bidh dòighean-ionnsachaidh agus dòighean-teagaisg iomchaidh an crochadh air na goireasan agus an teòmachd air a bheil cothrom anns gach ionad. Bidh iad cuideachd an crochadh air fiosrachadh, is neartan ro làimh agus na nithean anns a bheil ùidh aig luchd-ionnsachaidh. Anns gach ionad, ge-tà, feumaidh na dòighean seo cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh an t-eòlas a tha aca air Alba mar-thà a leudachadh agus na sgilean a tha a dhìth gus an t-Aonad a thoirt gu buil a leasachadh. Bidh feum mar sin aig luchd-ionnsachaidh air ùine, a bharrachd air stiùireadh bhon luchd-teagaisg agus bho na h-òraidichean aca, gus cuideachadh riutha gus beachdachadh air an eòlas a tha aca air Alba mar-thà agus cuspair iomchaidh a thaghadh airson a sgrùdadh. Bidh feum aca cuideachd air stiùireadh mu na seòrsaichean sgilean a bhios a dhìth.

Mus tòisich luchd-ionnsachaidh a' dealbhadh nan gnìomhachdan aca, bu chòir do luchd-teagaisg agus do dh'òraidichean cuideachadh riutha a thuigsinn nan sgilean agus an eòlais a bhios aca ri nochdadh gus an t-Aonad a thoirt gu buil. Dh'fhaodadh seo a bhith mar a leanas, mar eisimpleir:

- ◆ deasbad a thòisicheas an neach-teagaisg no an t-òraidiche le cothroman ceistean a chur agus airson beachdan luchd-ionnsachaidh
- ◆ toirt seachad agus deasbad liosta-seicidh a chleachdas luchd-ionnsachaidh gus adhartas tron Aonad a dhearnachadh
- ◆ deasbad ann am buidhnean, ann an càraidean no mar chlas làn air na sgilean a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh leasachadh agus carson a tha iad seo cudromach.

Dh'fhaodadh luchd-teagaisg is òraidichean feum a chur cuideachd air caochladh dhòighean a chuideachadh ri luchd-ionnsachaidh gus beachdachadh air an eòlas a tha aca air Alba mar-thà, mar eisimpleir:

- ◆ deasbada riaghailteach ann an càraidean ann am buidhnean no leis a' chlas làn
- ◆ deasbaireachd bus-ri-bus ri luchd-ionnsachaidh air leth
- ◆ clàradh-inntinn, no dòigh-obrach iomchaidh eile, le beachdan an dèidh làimhe bho chàch is bho luchd-teagaisg, agus deasbaireachd
- ◆ ceistean riaghailteach air am faod luchd-ionnsachaidh beachdachadh air leth le beachdan is comhairle luchd-teagaisg an dèidh làimhe
- ◆ lèirmheas air iris-bhreithneachaidh a chùm luchd-ionnsachaidh fhad is a bhathar a' dol air adhart tron Aonad.

## Amasan agus gnìomhachdan

Feumar farsaingeachd de roghainnean a thoirt seachad gus leigeil leotha amas iomchaidh, gnìomhachd, tùsan-fiosrachaidh agus goireasan a thaghadh. Bidh ìre agus nàdar nan roghainnean a dh'fhaodadh a bhith ann an crochadh air na goireasan agus an teòmachd a tha rim faotainn san ionad. Bu chòir roghainnean gu leòr a thoirt, ge-tà, a leigeas le pearsanachadh is roghainn. Bidh seo cudromach gus a dhèanamh cinnteach gum bi an cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh sgrùdadh a dhèanamh air nì ann an Sgrùdaidhean Albannach anns a bheil ùidh aca fhèin.

Bidh gnìomhachdan iomchaidh an crochadh cuideachd air na neartan is sgilean a tha aig luchd-ionnsachaidh mar-thà. **Bidh** aig luchd-ionnsachaidh ris na neartan is sgilean seo a chleachdadh gus na dh'ionnsaich iad a chur an cèill gu soilleir. Mar eisimpleir, cha bhi luchd-ealain a chuireas romhpa saothair-ealain a chruthachadh air cur an cèill gu soilleir ach a-mhàin ma tha na sgilean a tha a dhith aca.

Seo mar a leanas eisimpleirean de dh'amasan is de ghnìomhachdan iomchaidh. Is ann dìreach air adhbharan soilleireachaidh a tha na h-eisimpleirean seo – thathar a' brosnachadh ionadan roghainnean eile a thoirt seachad mar as iomchaidh don t-suidheachadh anns a bheil iad a' libhrigeadh an Aonaid.

<p><b>Eisimpleir 1:</b> Rinn neach-ionnsachaidh <b>A</b> sgrùdadh air an roinn-chùraim ann an Alba, cho math ri Eachdraidh is Litreachas na h-Alba, mar chuid de Dhuais nan Sgrùdaidhean Albannach aig SCQF ìre 5.</p>
<p><b>Amasan:</b> Faighinn a-mach dè na h-eadar-dhealachaidhean a tha ann eadar an roinn-chùraim ann an Alba agus sa chuid eile den Rìoghachd Aonaichte. Faighinn a-mach carson a tha na h-eadar-dhealachaidhean seo ann.</p> <p><b>Gnìomhachd:</b> Cuir ri chèile duilleag-lìn mu na h-eadar-dhealachaidhean eadar na roinnean-cùraim agus na h-adhbharan ris na h-eadar-dhealachaidhean seo.</p>
<p><b>Eisimpleir 2:</b> Tha neach-ionnsachaidh <b>B</b> air eaconamachd a sgrùdadh agus ionnsachadh mun àite a tha aig Alba ann an eaconamachd na Rìoghachd Aonaichte.</p> <p><b>Amasan:</b> Ionnsachadh mu na chuir Alba ri teòiridh eaconamach le bhith a' rannsachadh beachdan Adam Smith. Ionnsachadh mu bhuidh nam beachdan aige an taobh a-muigh na h-Alba.</p> <p><b>Gnìomhachd:</b> Dealbhaich is thoir seachad taisbeanadh air beachdan Adam Smith agus air a' bhuidh aca an taobh a-muigh na h-Alba.</p>
<p><b>Eisimpleir 3:</b> Tha neach-ionnsachaidh <b>C</b>, aig a bheil ùidh ann an comadaidh gu sònraichte, air aithriseachd Albannach a sgrùdadh mar chuid de Chùrsa Eòlas nam Meadhanan agus cuideachd air sealltainn air bàrdachd ann an Albais mar chuid de Chùrsa na Beurla.</p>
<p><b>Amasan:</b> Ionnsachadh mu phrògram-comadaidh à Alba an latha an-diugh. Sgrùdadh a dhèanamh air cleachdadh is buaidh Albais anns a' phrògram seo.</p> <p><b>Gnìomhachd:</b> Cruthaich aithisg-amhairc ghoirid airson nam meadhanan air cleachdadh is buaidh Albais anns a' phrògram-chomadaidh.</p>

<p><b>Eisimpleir 4:</b> Tha neach-ionnsachaidh <b>D</b> air ceòl dualchasach na h-Alba a sgrùdadh mar chuid de Chùrsa a' Chiùil agus tha e cuideachd ann an còmhlàn-roc.</p>
<p><b>Amasan:</b> Faighinn a-mach mu cheòl roc Ceilteach an latha an-diugh. Sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuidhe a thig ceòl dualchasach na h-Alba air a' cheòl ùr seo.</p> <p><b>Gnìomhachd:</b> Suidhich port Albannach ann an nòs roc Ceilteach.</p>
<p><b>Eisimpleir 5:</b> Tha neach-ionnsachaidh <b>E</b> a' gabhail an Aonaid air bunait fhosgailte agus tha ùidh aige faighinn a-mach carson a bha baile-mòr Ghlaschu ainmeil uair airson malairt eadar-nàiseanta.</p>
<p><b>Amasan:</b> Faighinn a-mach cò às a thàinig am prìomh bhathar a chaidh a mhalairt tro Ghlaschu nuair a bha e ainmeil airson malairt eadar-nàiseanta. Faighinn a-mach mun bhuidhe a thug a' mhalairt seo air beairteas muinntir Ghlaschu.</p> <p><b>Gnìomhachd:</b> Cuir aithisg ri chèile air malairt is a' bhuidhe a thug i air muinntir Ghlaschu.</p>
<p><b>Eisimpleir 6:</b> Tha neach-ionnsachaidh <b>F</b> air sgrùdadh a dhèanamh air gràin-chinnidh do luchd-imrich a-steach gu Alba mar chuid de Chùrsa Nuadh-eòlais agus tha e ag iarraidh sealltainn air na nithean deimhinneach ceangailte ri imrich-a-steach.</p>
<p><b>Amasan:</b> Faighinn a-mach mun bhuidhe a thug an imrich-a-steach air a' bhith a tha daoine air a bhith ithe ann an Alba o chionn linn gu leth. Sgrùdadh a dhèanamh air na chuir neach-imrich a-steach sònraichte ri nì ceangailte ri saoghal na h-Alba.</p> <p><b>Gnìomhachd:</b> Dealbhaich is cruthaich cothlamadh a' soilleireachadh nam buaidhean deimhinneach a thug an imrich-a-steach air Alba.</p>

Gheibhear barrachd eisimpleirean de dh'amasan is de ghnìomhachdan a dh'fhaodadh a bhith ann sna *Notaichean-taice* airson Aonad *Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air Alba* aig SCQF ìrean 3 is 5. Tha iad seo a' cuideachadh cuideachd gus roghainnean a dh'fhaodte cleachdadh airson SCQF ìre 5 a shoilleireachadh.

## Tùsan agus Goireasan

Feumaidh luchd-ionnsachaidh trì tùsan-rannsachaidh air a' char as lugha, agus na goireasan a bhios a dhith orra, a thaghadh à raon a bheir an neach-teagaisg no an t-òraidiche aca seachad.

Bu chòir gum biodh tùsan mionaideach gu leòr gus a dhèanamh cinnteach gun fheum luchd-ionnsachaidh fiosrachadh a tha a' buntainn ris an amas aca a thaghadh. Dh'fhaodadh tùs-fiosrachaidh iomchaidh a bhith mar a leanas mar eisimpleir:

- làraichean-lìn buntainneach
- leabhraichean-figsein no leabhraichean-fiosrachaidh/iomraidh – ann an cruth cruaidh no dealanach
- neach no buidheann
- leabhraichean-shanasan, irisean, pàipearan-naidheachd no leabhraichean-fiosrachaidh
- seiminearannan no taisbeanaidhean le luchd-labhairt bhon taobh a-muigh



- prògraman air telebhisean no radio, DVDan
- stuth à tasglannan
- tursan no cuairtean air a' bhlàr-a-muigh
- taisbeanaidhean-lèirsinneach
- catalogan agus/no irisean sònraichte

Faodaidh nach bi a dhìth airson cuid de ghnìomhachdan ach goireasan bunaitich leithid, mar eisimpleir, cothrom air coimpiutair is air an stuth a tha a dhìth gus toraidhean a riochdachadh ann an cruth cruaidh. Faodaidh gum bi gnìomhachdan eile feumach air, mar eisimpleir, stuth-ealain no stuth-ceàirde, àite gus cleachdadh airson oirfideis, no acfhainn shònraichte gus bathar a chruthachadh. Bidh àireamh is seòrsa nan goireasan a bhios a dhìth an crochadh mar sin air na gnìomhachdan a thèid a thaghadh. Bu chòir seo a chur anns an àireamh nuair a thathar a' dealbhadh nan amasan is nan gnìomhachdan air am faodte cothrom a bhith aig an luchd-ionnsachaidh.

Faodaidh luchd-ionnsachaidh crìoch a chur air an cuid ghnìomhachdan nan aonar no mar ann am buidheann. Nuair a tha iad a' dèanamh seo, bu chòir do luchd-teagaisg adhartas a dhearcnachadh agus beachdan a nochdadh, mar chuid den dòigh-ionnsachaidh is den dòigh-teagaisg.

# Dòighean-measaidh agus a' tional fianaise

## Ùine agus cumhaichean

Thèid measadh a chumail air feadh an Aonaid mar a dhealbhaicheas is a chrìochnaicheas luchd-ionnsachaidh an cuid gnìomhachdan agus mar a bheachdaicheas iad air an cuid ionnsachaidh. Bu chòir gum biodh cothrom aig luchd-teagaisg air an fhiosrachadh agus na goireasan a thagh iad. Faodaidh luchd-teagaisg comhairle a thoirt cuideachd a chuidicheas riutha cumail orra ri amas na gnìomhachd aca. Chan eil measadh mar leabhar-dùinte freagarrach mar sin airson an Aonaid seo.

## A' Tional Fianaise

Bidh an seòrsa de dh'fhianais a chuirear ri chèile gus toirt-gu-buil a nochdadh an crochadh air na h-amasan is na gnìomhachdan a thagh an luchd-ionnsachaidh. Dh'fhaodadh fianais a bhith mar a leanas:

- ♦ air a sgrìobhadh, ann an labhairt no air a clàradh gu dealanach
- ♦ air a gintinn tro chruthachadh is libhrigeadh oifideis air a chuideachadh le liosta-seicidh beachdan an neach-mheasaidh
- ♦ air a gintinn tro dhealbhadh is tro chruthachadh bathair leithid, mar eisimpleir, saothair-ealain, mìr-ceàirde, no modail
- ♦ air a gintinn tro dhealbhadh is tro tharraing a-mach gnìomhachd phractaigeach leithid tachartas no turas mu chuspair Albannach.
- ♦ cothlamachadh den fheadhainn gu h-àrd.

Bidh e comasach fianais a chruthachadh airson an dà Thoraidh ann an dòigh amalaichte. Seo seach, airson luchd-ionnsachaidh a bheir an t-Aonad gu buil, gum bi fianais anns an dealbhadh agus anns an toradh air a' cheann thall gun do dhealbhaich is gun do chrìochnaich iad na gnìomhachdan aca, agus gun do bheachdaich iad air an cuid ionnsachaidh. A' cleachdadh eisimpleirean bho earrann *Dòighean-ionnsachaidh agus dòighean-teagaisg* gu h-àrd:

- ♦ ann an eisimpleir **1**, bheir an duilleag-lìn fianais seachad gun deach a' gnìomhachd a dhealbhadh is a chrìochnachadh. Bheir an t-susbaint air an duilleig fianais gun do chomharraich an neach-ionnsachaidh na dh'ionnsaich e agus gu bheil e air seo a chur an cèill gu soilleir.
- ♦ ann an eisimpleir **4**, bheir an suidheachadh, air a dhaingneachadh leis an neach-mheasaidh, fianais seachad gun deach a' gnìomhachd a dhealbhadh is a chrìochnachadh agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air cuid den ionnsachadh a chur an cèill. Bheireadh notaichean, blog no iris a chumadh ri linn obair an leasachaidh barrachd fianaise seachad gun do chomharraich an neach-ionnsachaidh an t-ionnsachadh aca agus gu bheil e air a chur an cèill gu soilleir.

- ◆ ann an eisimpleir 6, bheir an cothlamachadh fianais seachad gun deach a' ghnìomhachd a dhealbhadh is a chrìochnachadh agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air cuid den ionnsachadh dhealanach a chur an cèill. Bheireadh leabhar-obrach ann an cruth dealanach no cruaidh, leabhar-dhealbhan no folio a chaidh a chleachdadh gus beachdan a leasachadh airson a' chothlamachaidh barrachd fianaise seachad gun do chomharraich an neach-ionnsachaidh an t-ionnsachadh aca agus gu bheil e air a chur an cèill gu soilleir.

Ge b' e dè an cruth san nochd an fhianais, feumaidh ionadan dèanamh cinnteach gur h-e an obair aca fhèin a tha san fhianais seo. Nuair a bhios luchd-ionnsachaidh ag obair fo stiùireadh, chì luchd-teagaisg gum bi seo a' tachairt. Nuair a bhios luchd-ionnsachaidh leotha fhèin, dh'fhaodadh luchd-teagaisg agallamhan bus-ri-bus no ceasnachadh leanmhainneach a chleachdadh mar dhòighean gus an fhianais a dhearbhadh.

### **A' toirt breitheanas air an fhianais**

Nuair a bhios iad a' dèanamh is a' dearbhadh cho-dhùnidhean measaidh, feumaidh luchd-teagaisg cuimhneachadh gur h-e cuideam a' mheasaidh eòlas an neach-ionnsachaidh air a' chuspair Albannach aca agus sgilean a tha cudromach do dh'ionnsachadh neo-eisimeileach soirbheachail. Feumaidh breitheanas a thoirt air an fhianais air fad a rèir nan Toraidhean, nan Inbhean-measaidh agus nam Feumalachdan a thaobh Fianaise ann an *Sònrachadh Aonad Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air Alba (SCQF ìre 5)*.

**Chan ann** air sgilean teicnigeach a bhuineas do chuspair sònraichte leithid sgrìobhadh cruthachail, tarraing theicnigeach, cleachdadh acfhainn no sgilean-oifideis a tha cuideam a' mheasaidh. Ach feumaidh luchd-ionnsachaidh an cuid ionnsachaidh a chur an cèill gu soilleir. Cha choltach gum bi e comasach dhaibh seo a dhèanamh mura bheil na sgilean a tha a dhìth gus iad fhèin a chur an cèill tron mheadhan a tha iad a' cleachdadh aca mar-thà.

# Co-ionannachd agus in-ghabhail

Thathar ag aithneachadh gu bheil an cuid dhleastanasan fhèin aig ionadan fo reachdas air co-ionannachd agus tionnsgnaidhean mu phoileasaidh. Chaidh an stiùireadh a tha ga thoirt ann an Notaichean-taice an Aonaid seo a dhealbhadh gus dol còmhla ris na dleastanasan seo, ach buinidh e gu sònraichte ri lìbhrigeadh is measadh an Aonaidh.

Bu chòir gun cuireadh dòighean-measaidh feumalachdan sònraichte luchd-ionnsachaidh san àireamh. Feumaidh ionadan dèanamh cinnteach, ge-tà, gun tèid tàbhachd a' mheasaidh a chumail suas agus gu bheil de chomas aig gach dòigh-measaidh fianais air toirt-gu-buil a chruthachadh fon dà Thoradh agus gach Inbhe-measaidh.

# Fiosrachadh rianachdail

---

Air fhoillseachadh: mìos agus bliadhna (tionndadh 1.0)

---

## Eachdraidh nan atharrachaidhean air Notaichean-taice an Aonaid

Fiosrachadh mun aonad	Tionndadh	Tuairisgeul mun atharrachadh	Air a cheadachadh le	Ceann-latha

Faodar an sònrachadh seo amhlachadh gu h-iomlan no gu ìre air adhbharan foghlaim fhad is nach tig prothaid sam bith às an amhlachadh agus, ma thèid amhlachadh gu ìre, gun tèid an tùs aithneachadh. Faodar copaidhean a bharrachd den Aonad seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn ÙTA [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoiribh fa-near: Thathar a' moladh gun seall luchd-leughaidh air làrach-lìn ÙTA ([www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk)) gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' cleachdadh an tionndaidh as ùire de Shònrachadh an Aonaid.